

# MacCodruim nan Ròn

Air a leasachadh do chloinn bho dhealbh-chluiche a chaidh a dhèanamh  
le Meanbh-chuileag bhon sgeulachd à beul-aithris.

## Caractaran


Sgeulaiche 1  
Sgeulaiche 2

Pàdraig (an t-iасgair)  
Nighean-ròin  
Codrum

Gille 1  
Gille 2  
Gille 3

Fir Uibhist  
Ròin

Muinntir a' bhaile



## Seata

Bogsaichean mar shèithrichean/creagan msaa a ghabhas gluasad gu furasta  
Teine  
Mullach bàthaich  
Ràimh/clubaichean  
“Bian” ròin  
Fàinne

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## SEALLADH 1

### Sgeulaiche 1

An sgeulachd a tha sinne a' dol a dh'innse dhuibh an-diugh, 's e 'MacCodruim nan Ròn' an t-ainm a th' oirre. Nise, bheil sibh uile deiseil? Glè mhath, tòisichidh sinn ma-thà. Bha siud ann reimhid...

### Sgeulaiche 2

Air taobh siar Alba, fada fada a-muigh anns a' chuan, tha eileanan Uibhist. Bho chionn fhada an t-saoghail, bhiodh na fireannaich ann an Uibhist ag iomradh a h-uile foghar gu ruige eilean beag ìosal Heisgeir a shealg nan ròn. Bha feum aca air rudan a gheibheadh iad bho na ròin: feòil, bèin is ola.

### Sgeulaiche 1

Bheireadh iad leotha maidean agus bheireadh iad leotha sgeinean.

*(Thig PÀDRAIG is FIR UIBHIST a-mach, is thèid iad a-steach don bhàta [sèithrichean no bogsaichean air an cur sìos mar bhàta]. Tòisichidh iad ag iomradh.)*

### Gille 1

Na bi cho slaodach!

### Pàdraig

Tha mi a' dèanamh mar as fheàrr as urrainn dhomh!

### Gille 1

Greas ort!

### Pàdraig

Ach tha mo ghàirdeanan goirt!

### Sgeulaiche 2

'S e obair chruaidh a bh' ann. Gus an tìde a chur seachad agus an obair a dhèanamh na b' aotruime, ghabhadh iad òran:

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

(uile a' seinn “Iomair thusa Choinnich Chridhe” no òran iorrain eile Nuair a thig iad faisg air an eilean, bidh iad a' sgur a dh'iomradh is a' crùbadh sìos sa “bhàta”.

sfx – “maide-froise” no teip (tonnan air a' chladach)

*Thèid iad air tìr, a' tarraig a' bhàta suas, is an uair sin gam falach fhèin air cul nam bogsaichean.)*

### **Sgeulaiche 1**

Agus an uair sin bhiodh iad a' feitheamh. Fad na h-oidhche bhiodh iad a' feitheamh. Agus nuair a nochdadh a' ghrian...

*(fir a' leum a-mach is a' marbhadh nan “ròn” (nb – cha bhi ròin ann!)*

... 's ann a leumadh iad a-mach am measg nan ròn, agus thòisicheadh iad air an obair aca. Bha deàrrsadhbh sgeinean ann, agus bha na creagan dearg leis an fhuil.

### **Sgeulaiche 2**

A' bhliadhna a bha seo, bha bliadhna mhath aca. Bha na ròin pailt air an eilean.

*(Tòisichidh NA FIR a' slaodadh nan closaichean don bhàta.)*

### **Padraig**

Chan eil thu sgìth, a bheil?

### **Gille 2**

Tha! Agus tha faileadh nam beathaichean seo a' toirt gòmadaich orm!

### **Padraig**

Ha ha!

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Sgeulaiche 1**

Cha b'fhada gus an robh e soilleir gun robh cus ròn ann. Bha am bàta làn. Dh'fheumadh cuideigin fuireach air an eilean gus an tilleadh na fir eile an-ath-latha.

*(Thig NA FIR uile còmhla, is bheir aonan dhiubh sràbhan às a phòcaid. 'S e PÀDRAIG a thèid a thaghadh.*

## **Gille 3**

Ha ha! Meal do naidheachd, a Phàdraig! An dòchas gun caidil thu a-nochd!

## **Pàdraig**

Tapadh leat!

*(Falbhaidh NA FIR far na stèidse, a' seinn.*

*(Suidhidh PÀDRAIG air a' chladach.)*

## **Sgeulaiche 1**

Shuidh e air a' chladach, agus, airson a' chòrr den latha, choimhead e air a' mhuir. Bha a' ghrian a' deàrrsad. Bha an latha teth, bruthainneach. Ach bha sgòthan mòra a' cruinneachadh anns an iar-dheas. Gu h-obann thàinig dealanaich, agus an uair sin bha tàirneanach ann. Agus greiseag às dèidh sin, thòisich an t-uisge.

*(Sfx – stoirm)*

*(Thèid PÀDRAIG air feadh a' chladaich, is gabhaidh e fasgadh air cùl bogsa. Tuitidh e na chadal.)*

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## SEALLADH 2

(Dùisgidh e gu h-obann.)

(Sfx – buille cridhe)

(Chì sinn PÀDRAIG a' coimhead mun cuairt air fhèin gu mi-chinnteach.

*Cluinnidh sinn boireannaich a' seinn òran brònach [far na stèidse].*

*Bidh PÀDRAIG a' fàs gu math an-fhoiseil.*

*Buille cridhe a' sgur.*

*Thig PÀDRAIG a-mach às an àite-falaich aige.*

*Thig NA BOIREANNAICH (na ròin) air an stèidse. Coisichidh iad mun cuairt, a' seinn còmhla is a' coimhead, mar gum biodh, air na ròin mharbha.*

*Falbhaidh na ròin uile, ach a-mhàin AN NIGHEAN-RÒIN.*

*Cuiridh i am bian aice air creag is fagaidh i an sin e. Suidhidh i air creag eile, a' seinn rithe fhèin.*

*Thèid PÀDRAIG a-mach is glacaidh e am bian is tillidh e leis don àite-falaich aige. Èistidh e ris an òran.*

*Tillidh AN NIGHEAN airson a' bhèin – ach 's ann a tha e air falbh. Bheir i suil timcheall, agus an uair sin air a' chuan, mar gun robh i a' smaoineachadh gun deach a sguabadh air falbh.*

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

*Cromaidh i a ceann. Fàsaidh PÀDRAIG nas dàine. Còisichidh e air a cùlaibh, agus cuiridh e a làmh air a gualainn. Clisgidh i air falbh bhuaithe. Bheir ise an aire dhan fhàinne air a chorraig agus sìnidh e a-mach thuice i. Mu dheireadh thall cuiridh e a làmh timcheall oirre. Bheir i sùil a-mach “gu muir”.*

## Sgeulaiche 2

Agus sin mar a fhuair na h-Uibhistich iad, nuair a thill iad anns a' bhàta an-ath-mhadainn.

*(Tillidh FIR UIBHIST. Chì iad PÀDRAIG agus AN NIGHEAN-RÒIN. Bruidhnidh iad am measg a chèile.)*

Cò tha siud?

Chan eil duine a' fuireach a-muigh an seo.

An tainig bàta air tìr an seo a-raoir?

Msaa

Thèid PÀDRAIG is AN NIGHEAN-RÒIN a-steach don bhàta. Tòisichidh a h-uile duine (*ach an nighean-ròin*) a' seinn is ag iomradh a-rithist.

---

## SEALLADH 3

*(Nuair a thig iad air tìr, bheir iad air falbh na sèithrichean/bogsachean, a' fagail PHÀDRAIG is AN NIGHEAN-RÒIN às an dèidh. Suidhidh AN NIGHEAN-RÒIN is coimheadaiddh i mun cuairt fhad 's a tha PÀDRAIG a' maidhmeadh/a' bruidhinn rithe.)*

---

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

## **Sgeulaiche 1**

Nuair a ràinig iad dhachaigh, chuir an nighean a thug Pàdraig dhachaigh leis iongantas mòr air a h-uile duine. Cha do bhruidhinn i riamh facial Gàidhlig, no cànan sam bith eile. Ach lean a sùilean iad gun sgur, agus rinn i riamh mar a chaidh iarraidh oirre. Ach bha aogas a' bhròin oirre an-còmhnaidh nach do thuig duine aca a-riamh.

## **Sgeulaiche 2**

Ach a dh'aindeoin cagarsnaich na coimhleasnachd, bha gaol aig Pàdraig air an nighean-ròin. Agus ghabh e i mar chèile-phòsta.

*(Pòsaidh iad – bheir iad sùil a-mach chun an luchd-èisteachd mar gu bheil iad ag èisteachd ri ministear/sagart.)*

## **Sgeulaiche 1**

Cha robh fios aca an do thuig i an t-seirbheis-phòsaidh, ach nuair a thòisich an ceòl, cha b' urrainn dhaibh an sùilean a chreidsinn!

*(Sfx – ceòl cèilidh. Thig AOIGHEAN air an stèidse airson cèilidh na bainnse. Dannsaidh AN NIGHEAN-RÒIN is PÀDRAIG (is feadhainn eile cuideachd.*

*Às dèidh an dannsa, suidhidh AN NIGHEAN-RÒIN ri taobh teine air aon taobh den stèidse, PÀDRAIG ri a taobh. Falbhaidh na h-AOIGHEAN.)*

---

## **SEALLADH 4**

### **Sgeulaiche 2**

Ach dè nì Pàdraig le bian an ròin? Càit an cuir e rud cho prìseil?

*(Falbhaidh NIGHEAN-RÒIN a dh'fhaighinn mòine.)*

## **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

*Bheir PÀDRAIG suil mun cuairt. Falaichidh e am bian-ròin fo thughadh bàthaich [dh'fhaodadh seo a bhith air a riochdachadh le pìos sioda orains.]*

### **Sgeulaiche 1**

Chuir Pàdraig am bian air falach anns a' bhàthaich, far am biodh e ag obair leis fhèin. Cha robh e airson gun lorgadh i am bian, oir bha fios aige gum fagadh i e.

Thèid PÀDRAIG a shuidhe cuide ris AN NIGHEAN-RÒIN

### **Sgeulaiche 1**

Thug e dhi biadh, chum e blàth i, agus sheinn e dhi, oir bha fios aige gun robh gaol thar tomhais aice air ceòl.

*(Seinnidh PÀDRAIG dhi.*

*Beirear mac dhaibh – togaidh i leanabh bho chùl a' bhogsa air a bheil i na suidhe.)*

### **Sgeulaiche 2**

Agus chaidh na bliadhna chan seachad, agus bha mac aig Pàdraig agus an nighean-ròin, agus thug iad Codrum mar ainm air.

*(Falbhaidh PÀDRAIG far na stèidse. Tòisichidh AN NIGHEAN-RÒIN a' seinn ris an leanabh.*

*Tillidh PÀDRAIG is chì e dè tha a' tachairt. Sgùiridh i de sheinn sa bhad nuair a chì i e.)*

### **Sgeulaiche 1**

(Cuiridh AN NIGHEAN-RÒIN an leanabh air falbh is nochdaidh CODRUM.

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Dh'fhàs Codrum gu bhith na bhalach tapaidh. Chuidich e athair leis an obair a bh' aige.

(Nì PÀDRAIG is CODRUM maidhm air obair fearainn, AN NIGHEAN-RÒIN gan coimhead.

Ach aon bhliadhna, dìreach ro àm-buana, chaidh Pàdraig do dh'eilean eile a cheannach each ùr.

*(Falbhaidh PÀDRAIG)*

Bha sgòthan mòra anns an iar-dheas. Is cha b' fhada gus an robh an dile-bhàthte ann is gaoth mhòr.

*(Falbhaidh NIGHEAN-RÒIN.*

*Sfx – stoirm*

*Thèid CODRUM a laighe ri taobh an teine.)*

## **Sgeulaiche 2**

Fad na h-oidhche sin, laigh Codrum na leabaidh ag èisteachd ris an stoirm a-muigh.

Anns a' mhadainn, shnàig e às an leabaidh agus chaidh e chun an dorais.

*(Dùisgidh CODRUM is seasaidh e.)*

# Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Bha latha brèagha ann, ach bha toll mòr ann am mullach na bàthaich, far an do dh'fhalbh a' ghaoth leis an tughadh.

*(Thèid CODRUM chun a' mhullaich, is tòisichidh e air a chàradh.  
Gheibh e lorg air a' bhian.*

*Bheir e a-mach am bian.)*

### **Sgeulaiche 1**

An toiseach, cha do thuig e carson a bha athair air bian-ròin a chur air falach shuas an siud. Ach an uair sin, 's ann a chuimhnich e. Chuimhnich e air na sgeulachdan a bhiodh na cailleachan ag innse. Sgeulachdan mu bhean a thugadh air ais à Heisgeir. Bha i air bàta a chaidh fodha, chanadh cuid. Ach cuid eile, chanadh iad gur e maighdeann-mhara a bh' innte... nighean-ròin.

### **Codrum**

Ma ghoideas tu an t-seiche orra, chan fhaigh iad air ais dhachaigh.

Ach dè bu chòir dhomh a dhèanamh? Is ise mo mhàthair! Ma bheir mi dhi e, 's dòcha gum falbh i air ais gu na daoine aice fhèin agus chan fhaic mise tuilleadh i. Ach 's mathaid gum biodh i toilichte an sin. Chan eil i toilichte an seo, a bheil? Ach chan fhaod i falbh! Cuiridh mi air ais e. Ach bidh i air a glacadh air tìr. Dè bu chòir dhomh a dhèanamh?

---

### **SEALLADH 5**

*Tillidh AN NIGHEAN-RÒIN is chì i am bian. Bheir e dhi e.  
Suidhidh e, air falbh bho mhàthair.*

---

## Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

*Tha i claoidhte.*

*Tillidh PÀDRAIG, gu sunndach, is chì esan dè th' air tachairt.*

*Coimheadaidh AN NIGHEAN-RÒIN air is an uair sin ruithidh i air falbh.*

*Suidhidh PÀDRAIG sìos, gu tùrsach. Tha CODRUM na chadal faisg air an teine.*

*Thig AN NIGHEAN-RÒIN air an stèidse a-rithist. Cuiridh i làmh air ceann CHODRUIM, is fàgaidh i slige ri thaobh. An uair sin falbhaidh i.*

*Dùisgidh CODRUM is PÀDRAIG.*

### **Codrum**

Nuair a dhùisg sinn an-ath-latha, cha robh i san taigh. Ruith mi sìos chun a' chladaich ach cha robh sgeul oirre. Bha i air falbh.

Ach an uair sin, fada fada a-muigh sa mhuir chunnaic mi ròn, gam choimhead.

*(Seasaidh PÀDRAIG is seasaidh e air cùl CHODRUIM.)*

### **Codrum**

Dh'fhàg mo mhàthair mi, ach dh'fhàg i agam a h-uile gibht a bha aice. Gum b' urrainn dhomh snàmh mar ròn. Gum b' urrainn dhomh seinn mar a bhiodh i fhèin a' seinn. Agus gun cumainn cuimhne air gach facial de gach òran a chluinninn a-chaonidh. Agus riamh bhon a latha sin a-mach, cha do thog duine sa chinneadh againne làmh an aghaidh nan ròn.

## **CRÌOCH**

# **Mar a chuala mise e**

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>